


Toiseach Bròn an Duine



19

20

21

22

Sgrìobhte le Edward Hughes
Dealbhan le Byron Unger; Lazarus
Alastair Paterson

Air eadar-theangachadh le
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill
Eadar-theangaichte le M. Maillot; Tammy S.

Sgeulachd 2 a-mach a 60

M1914.org

Bible for Children, PO Box 3, Winnipeg MB R3C 2G1 Canada

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

23

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air
rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can
Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh.

Tha gaol Dhè oirnn cho mòr gun do chuir e an t-aon Mhac
a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, a phàigheadh airson
nam peacaidhean againn. Thàinig Ìosa beò a-rithist agus
chaidh E air ais a Nèamh! A-nis, nì Dia maitheadh
dhuinn airson ar peacaidhean.

Ma tha thu airson tionndadh air falbh bho na peacaidhean
agad, can seo ri Dia: A Dhè, tha mi a' creidsinn gun do bhàsaich
Ìosa air mo sgàth agus gu bheil E beò a-rithist. Thig nam
bheatha agus dèan mathadh air mo pheacaidhean gus am faigh
mi beatha ùr an-dràsta, agus gun tèid mi, aon latha, a
dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith
Gad leantainn mar Do leanabh. Amen. Eòin 3:16

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha!

Gàidhlig

Gaelic

'S E DIA A RINN A H-UILE
RUD! Nuair a rinn Dia a' chiad
duine, Àdhamh, bha Àdhamh a'
fuireach ann an Gàrradh Eden
còmhla ri a bhean, Eubha.




1

Bha iad dha-rìribh toilichte a'
dèanamh na bha an Tighearna ag
iarraidh orra agus toilichte gu robh e
ann còmhla riutha, ach aon latha ...




2




"An tuirt Dia ribh nach bu choir dhuibh a bhith ag ithe bhon h-uile craobh?" dh'fhaighnich an nathair de dh'Eubha. "Faodaidh sinn a h-uile meas ach aon ithe," fhreagair i. "Ma tha sinn ag ithe no a' buntainn ris a' mheas sin, bàsaichidh sinn." "Cha bhàsaich sibh," ars an nathair le mìog.

3




"Bidh sibh coltach ri Dia." Bha Eubha ag iarraidh measan na craoibhe sin. Dh'èist i ris an nathair agus dh'ith i am meas.

4




Às dèidh do Eubha dol an aghaidh toil Dhè thug i air Àdhamh am meas ithe cuideachd. Bha còir aig Àdhamh a ràdh, "Cha tèid mi an aghaidh Facal Dhè!"

5




Nuair a pheacaich Àdhamh agus Eubha, thug iad gun robh iad lomnochd. A' sniomh aparanan à duilleagan fìogais, chòmhdaich iad iad fhèin agus chaidh iad air falach air Dia ann an dos.

6




Ann am fionnarachd an fheasgair thàinig Dia dhan ghàrradh. Bha fhios Aige na rinn Àdhamh agus Eubha. Chuir Àdhamh a' choire air Eubha. Chuir Eubha a' choire air an nathair. Thuirt Dia, "Mo mhallachd air an nathair. Bidh pian air a' bhoireannach nuair a bhios i a' breith clann." "Àdhamh, air sgàth gun do pheacaich thu, bidh mallachd droigheann agus cluairin air an talamh. Bidh tu ag obair gu cruaidh gach latha airson do bhidh."

7



Chuir Dia Àdhamh agus Eubha a-mach às a' ghàrradh mhìorbhaileach. Air sgàth gun do pheacaich iad, bha iad air an sgaradh bho Dhia na beatha! Rinn Dia claidheamh lasrach gus an cumail a-mach. Rinn Dia còtaichean craicinn airson Àdhamh agus Eubha. Cò às a thàinig na craicinn?

8



Ann an ùine, rugadh teaghlach do Àdhamh agus Eubha. B' e gairnealair a bh' anns a' chiad mac, Càin. B' e buachaille a bh' anns an dàrna mac, Abel. Aon latha, thug Càin glasraich do Dhia mar thiodhlac. Thug Abel cuid de na caoraich a b' fheàrr aige do Dhia mar thiodhlac. Bha Dia toilichte le tiodhlac Abel.

9




Cha robh Dia toilichte le tiodhlac Càin. Dh'fhàs Càin uabhasach feargach. Ach thuirt Dia, "Ma nì thu na tha ceart, nach gabhar riut?"

10




Cha deach fearg Càin air falbh. Uaireigin às dèidh sin, anns an achadh, thug e ionnsaigh air Abel - agus mharbh e e!

11



Bhruidhinn Dia ri Càin. "Càite a bheil do bhràthair, Abel?" "Chan eil fhios agam," ars Càin gu breugach. "An e mise fear-glèidhidh mo bhràthar?" Thug Dia peanas air Càin, a' toirt air falbh an comas aige a bhith na thuathanach agus ga dhèanamh na fhògarrach.

12




Chaidh Càin a-mach à làthair an TIGHEARNA. Bha e pòsta aig nigean Àdhamh agus Eubha. Thog iad teaghlach. Ann an ùine nach robh fada, lìon oghaichean agus iar-oghaichean Càin am baile mòr a thog e.

13




Rè na h-ùine seo, dh'fhàs teaghlach Àdhamh agus Eubha gu luath. Anns na làithean sin, bha daoine beò fada nas fhaide na tha iad an-diugh.

14



Nuair a rugadh a mac Set, thuirt Eubha, "Thug Dia Set dhomh an àite Abel." 'S e duine diadhaidh a bh' ann an Set. Bha e beò fad 912 bliadhna agus bha mòran chloinne aige.


15



Anns an t-saoghal, dh'fhàs daoine nas aingidh is nas aingidh mar a chaidh na ginealaichean air adhart. Mu dheireadh thall, rinn Dia an co-dhùnadh cur às do dhaoine uile gu lèir agus a h-uile biast is eun. Bha Dia duilich gun do rinn

E daoine. Ach thug aon duine toileachas do Dhia ...


16



B' esan Nòah. Bho theaghlach Shet, bha Nòah diadhaidh agus neo-chiontach. Choisich e còmhla ri Dia. Dh'ionnsaich e dha a thriùir mhac Dia a leantainn. A-nis bha Dia airson Nòah a chleachdadh ann an dòigh glè mhi-àbhaisteach

agus sònraichte!

17



Toiseach Bròn an Duine
Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bioball, ri
Genesis 3 - 6

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

18